

Bha Crois Naoimh Eòin uaireigin tè de na croisean a b' ainmeile ann am Breatainn. An diugh tha a' chrois thùsail ann an Taigh-tasgaidh Abaid Ì agus mac-samhail air an taobh a-muigh.

A' RANNSACHADH CROIS NAOIMH EÒIN

Fiosrachadh don Luchd-Teagaisg



Abaid Eilean Ì

Bha eilean beag Ì aig teismheadhan na h-Eaglais ann an Alba sna ciad bhliadhnaichean aice. Ann an 563 BT thàinig N. Calum Cille is a luchd-leamhainn às Èirinn gus manachainn a chur air bhonn san eilean. Dh'fhàs seo gu bhith mar ionad ainmeil foghlaim is ciùird. Chaidh bùthan-obrach a stèidheachadh, a' teagasg sgilean leithid snaigheadh cloiche. Mhair a' mhanachainn an aghaidh ionnsaigh nan Lochlannach ach tro thìde chaidh Abaid Bhenedicteach a chur na h-àite. An diugh tha Abaid Eilean Ì a' tarraing an dà chuid eilthirich agus luchd-turais ri linn a sìth agus a h-àilleachd.

Tha feadhainn de na sàr-chroisean àrda a chaidh a shnaigheadh còrr is mìle bliadhna air ais fhathast ri fhaicinn air an eilean an diugh. Air aon dhiubh tha Crois Naoimh Eòin, on 8mh no 9mh linn. Bha a' chrois thùsail taobh a-muigh na h-Abaid ach creidear gun do thuit i goirid an dèidh a togail. Chìthear na piosan an Taigh-tasgaidh na h-Abaid agus tha mac-samhail taobh a-muigh na h-Abaid.

Fiosrachadh feumail

- Fios agus uairean-fosglaidh an Taigh-tasgaidh:
Fòn. 01681 700512.
- Slighe-steach is parcadh: faodar busaichean a pharcadh aig togalach-uidhe aiseag Fhionnphort, Eilean Mhuile. Tha an t-aiseag a' toirt mu 10 mionaid. Air chois, ruigear Eilean Ì an ceann 10 mionaid.
- Taigh-beag: tha iad seo so-ruigsinneach is faisg air làimh.
- Cunnart is Sàbhailteachd: tha seo fo chùram an neach-teagasg air a bheil an uallach sin.
- Molar gum bi 1 inbheach ann fa chomhair 10 phàistean.

Mar a chleachdar an goireas seo

Tha an goireas seo air a chur ri chèile gus cuir an comas luchd-teagasg no phàrantan rannsachadh beag a dhèanamh air Crois Naoimh Eòin. Dìridh na gnìomhan air a' charragh thùsail, ath-thogte am pìosan an Taigh-tasgaidh na h-Abaid. Molamaid cuideachd gun caith thu tamall a' toirt sùil air a' mhac-samhail a tha taobh a-muigh na h-Abaid. Bidh deasbad sìmplidh a' dìreadh aire nan sgoilearan air na tha iad a' faicinn agus gam misneachadh an fhianais seo a mhìneachadh.

Bu chòir an leabhar-treòrachaidh seo a chleachdadh cuide ris an leabhar mhòr dhathte *A' Rannsachadh Charraighean Snaighte*, Alba Aosmhor 2009. Tha seo ri fhaotainn saor 's an asgaidh don luchd-teagasg o Alba Aosmhor agus gabhaidh fhaighinn cuideachd air làrach-lìn Alba Aosmhor. Tha an leabhran seo a' cur Crois Naoimh Eòin ann an co-theacs Charraighean Crìosdail Aosta eile, agus a' toirt seachad saoghal bràth de mholaidhean a bharrachd a thaobh rudan a nìthear roimh thighinn ann agus na dhèidh

Fòn **0131 668 8793/8736** no tadhail www.historic-scotland.gov.uk airson tuilleadh fiosrachaidh.



Gnìomhan a mholar

Thathar a' moladh na leanas mar gnìomhan a bharrachd a bhuineas ri Crois Naoimh Eòin, a ghabhas dèanamh air an làraich no air ais san sgoil.

- Tomhais a' charragh, chor is gun tèid agad air modail den aon mheud no dealbh-sgèile a dhèanamh dhith air ais san sgoil.
- Dèan dealbh de dh'aon phàirt den charragh. Thoir air sgoilearan sùil gheur a thoirt air na loidhnichean a tha mar gum biodh 'fìgte' fo gach a chèile. Air ais san sgoil faodar na dealbh seo a chur gu feum mar bhunait dealbh-sgèile stèidhichte air 'obair-shnaidhme' mar seo.
- A' cleachdadh crèadha no stuth modail eile, dh'fhaodadh sgoilearan an carraighean fhèin a dhealbhadh le pàtranan 'snaighte' no ìomhaighean.

Tuilleadh leughaidh

Anna Ritchie and Ian Fisher, *Iona Abbey and Nunnery*, Alba Aosmhor 2004.

Foghlam Alba Aosmhor, *Investigating Carved Stones*, Alba Aosmhor 2009.

Mac-samhail den chrois taobh a-muigh Abaid Ì



Robh fhios agad...

Canar gun do chleachd Calum Cille clach mar chluasaig! Gabhaidh a' chlach fhaicinn ann an Taigh-tasgaidh na h-Abaid.



Pìosan den charragh thùsail ann an Taigh-tasgaidh Abaid Ì

Cùil Fhiosrachadh

Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan ron turas neo air an làraich.

- Chaidh a' charragh seo a shnaigheadh còrr is 1200 bliadhna air ais le luchd-ciùird a bha ag obair aig an abaid an seo. Theirear Crois Naoimh Èoin rithe.
- Chuireadh a' chiad abaid air bhonn an seo le N. Calum Cille, a thàinig a dh'Eilean Ì às Èirinn ann an 563 BT. Thòisich e coimhearsnachd chràbhach ann is theagaisg e an creideamh Crìosdail do dhaoine.
- An dèidh a bhàis, thigeadh daoine a dh'Ì gus uaigh a thadhail. Bha Crois Naoimh Èoin air aon de dh'iomadh crois a threòraich luchd-tadhail chun na h-abaid. Is dòcha gur e feadhainn fiodha a bha ann o thùs, mun deach croisean cloiche a chur nan àite an dèidh làimh.
- A bharrachd air a bhith mar threòir, bha na croisean cloiche mar àite far an stadadh daoine gus ùrnaigh a dhèanamh 's iad a' dol seachad.
- Mar a chì thu, tha Crois Naoimh Èoin briste an diugh. Bha a dhìth air an luchd-snaighidh crois mhòr tharraingeach a dhèanamh - ach chaidh iad thar for. Bha gàirdeanan na croise ro fhada, is thuit i cha mhòr cho luath 's a thogadh i. Dh'fheuch iad ri càradh le bhith a' cur cearcallan cloiche rithe, ach cha b' fhad a dh'obraich sin a bharrachd. Bhiodh i air a bhith air tè de na croisean is lèithne am Breatainn 's an Èirinn!
- Sa bhliadhna 1927 chuireadh na pìosan ri chèile a-rithist, ach cha do mhair a' chrois iomlan ach gu 1957. Aig an ìre sin chaidh na pìosan a bha air fhàgail a thoirt a-steach don taigh-tasgaidh, agus ann an 1970 thogadh am mac-samhail a chithear taobh a-muigh na h-abaid an diugh. Tha i dèanta le coinneach, agus gu ruige seo cha deach a leigeil sìos leis a' ghaoith!



A' Chrois thùsail ann an Taigh-tasgaidh na h-Abaid



Panal air a' mhac-samhail taobh a-muigh na h-Abaid

Puingean-deasbaid

<i>Spreagadh an Neach-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean nan sgoilearan</i>
Seall gu luath air a' chrois. Lorg samhla no pàtran is toil leat. Seall ri caraide e.	Freagairtean nan sgoilearan fhèin
Coimhead gu faiceallach air a' chrois Cia mheud pìos fa leth a nì suas a' chrois an diugh?	Doirbh a ràdh - 12-15 pìos.
An dùil an d' rinn na daoine a shnaigh i às aon phìos cloiche i, no às grunn phìosan a chuir iad ri chèile an dèidh làimh?	Beachdan nan sgoilearan fhèin.
Chaidh a snaigheadh o thùs air 8 pìosan air leth de chloich a chaidh a chur ri chèile an dèidh sin. 'S dòcha gur e sin is adhbhar gun robh i sobhrishte.	
Dè seòrsa pàtran a chì thu air a' chrois?	Cearcaill is lùban, tòrr obair-shnaighte air chumadh cruinn. Agus aon phanal le ceàrnagan is daoimeanan cho math ris na cumaidhean cruinn.
Theirear 'bailleanan' ris na cumaidhean cruinn cloiche.	
Bheil daoine snaighte air an taobh seo?	Gun daoine.
Am faic thu ainmhidhean sam bith?	Nathraichean.
An dùil an e deagh rud a' chrois seo a bhith a-staigh?	Freagairtean nan sgoilearan fhèin.
Dh'fhàg luchd-càraidh na croise na pìosan plastaig gu follaiseach sa bheàrn. Carson a tha thu a' smaointinn a rinn iad seo?	O chionn 's nach fhaod iad a bhith cinnteach cò ris a bha i coltach.

Air do shlighe dhachaigh, thoir sùil air mac-samhail Chrois Naoimh Èòin a tha na seasamh faisg air doras slighe a-staigh na h-Abaid.